

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Na Ceiltich (6)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 975. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 671 corresponds to Litir 975.

Bha mi ag innse dhuibh mun t-seann rìoghachd Cheiltich – Rheged. B’ e Urien an rìgh ann aig deireadh an t-siathamh linn. Airson greis dh’obraich e fhèin agus rìghrean Breatannach eile còmhla an aghaidh nan Anglach ann am Bernicia. Cha mhòr nach do rinn iad a’ chùis air na Berniciaich. Ach bha Urien air a mharbhadh le Ceilteach eile a bha dhen bheachd gun robh e a’ fàs ro chumhachdach.

Bha mac Urien, Owain map Urien, beò dìreach beagan bhliadhnaichean mus robh esan air a mharbhadh cuideachd, agus le Ceilteach eile. Tha seann làmh-sgrìobhainnean Cuimreach ag innse dhuinn mu oidhirp a rinn na Breatannaich air buaidh a thoirt air na h-Anglaich ann an Catterick (a th’ ann an Siorrachd Iorc an-diugh). Ach chaill iad. Anns an t-seachdamh linn, chaidh Rheged à bith mar rìoghachd Cheilteach. Chaidh a gabhail thairis le Northumbria an dèidh pòsadh eadar Prionnsa Northumbrianach agus bana-phrionnsa à Rheged.

Chan eil sin a’ ciallachadh gun do dh’fhalbh an cànan sa mhionaid. Thathar a’ dèanamh dheth gun robh an t-Seann Bhreatannais air a bruidhinn san sgìre airson greis mhòr an dèidh sin. Bha, agus ann an ceann a deas na h-Alba. Bidh na Cuimrich a’ bruidhinn mun *Hen Ogledd* – an seann cheann a tuath – an sgìre **anns an robh an t-Seann Bhreatannais ga bruidhinn**. Bha an cànan beò gu timcheall an dàrna linn deug.

Ach dè thachair do na rìoghachdan Breatannach ann an ceann a deas na h-Alba? Thàinig Lodainn – no Lobhdaidh – **fo bhuidh nan Anglach** anns an t-siathamh linn. Ach lean Srath Chluaidh mar rìoghachd Bhreatannach airson ùine às dèidh sin. Bha prìomh àros nam Breatannach ann an Srath Chluaidh aig Dùn Breatann.

Aig deireadh an naoidheamh linn, chuir na Lochlannaich Dùn Breatann fo shèist. Fad ceithir mìosan bha na Breatannaich beò anns an daingneach aca – mus do thiorraich an tobar. Ghèill iad agus thug na Lochlannaich na ceudan dhaoine air falbh a dh’Èirinn.

Bha na Gàidheil agus Cruithnich – a bha a-nise aonaichte mar Albannaich – a’ toirt buaidh air Srath Chluaidh mun aon àm. An fheadhainn nach robh deònach gabhail ri uachdranas nan Albannach, dh’fhalbh iad a dh’fhuireach ann an Gwynedd ann an ceann a tuath na Cuimrich. Tha cuid dhen bheachd gun deach an rìgh Breatannach mu dheireadh aig Srath Chluaidh – Owain Maol – a mharbhadh aig Blàr Charham anns na Crìochan anns a’ bhliadhna mìle ’s ochd-deug (1018). Bha e a’ sabaid às leth Alba an aghaidh Sasannaich Northumbria.

Mean air mhean, bha na P-Ceiltich a’ dol à fianais ann am Breatainn. Bha dìreach dà àite far an robh iad fhathast làidir – a’ Chòrn agus a’ Chuimrich. Tro na meadhan-aoisean

bha muinntir na Cùirn gu math Ceilteach. Thathar a' smaoinichadh gun robh suas ri dà fhichead mìle duine ann aig an robh Còrnais mar chànan.

Ged a bha a' Chòrn fo smachd Shasainn, lean an cànan 's an cultar, agus bha ceanglaichean làidir eadar an dùthaich agus a' Bhreatainn Bheag. Bha a' Bhreatannais agus Còrnais an ìre mhath co-ionann aig an àm sin. An uair sin thàinig na Tudoraich gu rìgh-chathair Shasainn. A dh'aindeoin 's gun robh am freumhaichean anns a' Chuimrigh, cha robh iad bàigheil ris na Còrnaich.

Bha dà ar-a-mach anns a' Chòrn thairis air na bliadhnaichean an dèidh sin – co-cheangailte ri cìsean agus cànan – mar a chì sinn an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: làmh-sgrìobhainnean: *manuscripts*; Siorrachd Iorc: *Yorkshire*; bana-phrionnsa: *princess*; ghèill: *surrendered*; Na Crìochan: *The Borders*; na meadhan-aoisean: *the middle ages*; a' Bhreatainn Bheag: *Brittany*; ar-a-mach: *revolt*; cìsean: *taxes*.

Abairtean na Litreach: deireadh an t-siathamh linn: *the end of the sixth century*; dh'obraich e fhèin agus rìghrean Breatannach eile còmhla an aghaidh nan Anglach: *he and other British kings worked together against the Angles*; a bha dhen bheachd gun robh e a' fàs ro chumhachdach: *who thought he was getting too powerful*; lagaich sin cùis nan Ceilteach: *that weakened the Celtic cause*; thathar a' dèanamh dheth gun robh X air a bruidhinn: *it is reckoned that X was spoken*; bha prìomh àros nam Breatannach ann an Srath Chluaidh aig Dùn Breatann: *the headquarters of the British in Strathclyde was in Dumbarton*; chuir na Lochlannaich Dùn Breatann fo shèist: *the Vikings laid siege to Dumbarton*; fad ceithir mìosan bha na Breatannaich beò anns an daingneach aca – mus do thiorraich an tobar: *for four months the Britons were alive in their stronghold – until the well dried up*; bha na Gàidheil agus Cruithnich – a bha a-nise aonaichte mar Albannaich – a' toirt buaidh air Srath Chluaidh mun aon àm: *the Gaels and Picts – who were now united as Scots – were influencing Strathclyde at the same time*; nach robh deònach gabhail ri uachdranas nan Albannach: *that were not willing to accept the overlordship of the Scots*; bha na P-Ceiltich a' dol à fianais: *the P-Celts were disappearing*; a' Chòrn agus a' Chuimrigh: *Cornwall and Wales*; bha a' Bhreatannais agus Còrnais an ìre mhath co-ionann: *Breton and Cornish were pretty much identical*; thàinig na Tudoraich gu rìgh-chathair Shasainn: *the Tudors came to the English throne*; a dh'aindeoin 's gun robh am freumhaichean anns a' Chuimrigh, cha robh iad bàigheil ris na Còrnaich: *despite the fact that their roots were in Wales, they were not well-disposed to the Cornish*.

Puing-chànain na Litreach: an sgìre anns an robh an t-Seann Bhreatannais ga bruidhinn: *the area in which the old Brythonic language was [being] spoken*. Ga bruidhinn here represents a passive construction; it includes the possessive article so the verbal noun must be lenited appropriately – here are some examples: *tha e ga dhèanamh* [it (masc.) is being done]; *tha i ga dèanamh* [it (fem.) is being done]; *tha duais ga toirt seachad* [a prize (fem.) is being given away]; *bha na cànanan gam bruidhinn* [the languages were (being) spoken].

Gnathas-cainnt na Litreach: Thàinig Lodainn fo bhuaidh nan Anglach: *Lothian came under the influence of the Angles*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinichadh le MG ALBA